



Clàr-fiosrachaidh na h-Iolaire

**Tha an caragh-cuimhne a chì thu air a' chladach shìos
a' comharrachadh call na h-IOLAIRE.**

Air 1d Faoilleach 1919, aig 1.55m, bhual an soitheach fiodha HMY Iolaire ann an sgeirean ris an canar 'Biastan Thuilm', is solais Steòrnabhaigh rim faicinn. Bha 284 air bòrd, eadar criutha agus luchd-siubhail. Chaidh 205 às an rathad agus thàinig 79 às beò. Bha a' chuid mhòr den luchd-siubhail nan seòladairean sa Chabhlach Rìoghail 's iad a' tilleadh a Leòdas agus dha na Hearadh an dèidh a bhith sa Chiad Chogadh. Chaidh iad air bòrd ann an Caol Loch Aillse agus sheòl iad aig 9f air 31d Dùblachd 1918, a' dèanamh air Steòrnabhagh.

Bhual an soitheach san sgeir, thuit i far leac na sgeire, agus laigh i air a deas-bhòrd, a deireadh air thoiseach. Nuair a bha i a' seatlaigeadh, ghuais a' ghaoth an deireadh aice ris a' chladach – aig aon àm cha robh e ach sia no seachd slatan bho leac creige air a' chladach. B' ann air sgàth gaisge Iain F. MacLeod a fhuair mòran às beò. Fhuair e chun a' chladaich le loidhne ris an deach ròpa mòr a cheangal agus a chaidh a shlaodadh gu tir. Fhuair 30 – 40 fear iad fhèin gu tèarainteachd air an ròpa seo mus do ghuais an soitheach cailte, a' toirt an ròpa leatha. B' e Dòmhnaill Moireasdan am fear mu dheireadh a thàinig às beò, le bhith a' cumail grèim air a' chrann – an aon phìos a bha os cionn an uisge – fad na h-oidhche gus an deach cobhair a dhèanamh air an-ath-mhadainn nuair a shocraich am muir. Ged a thachair an



long-bhriseadh na bu lugha na 50 slat bhon chladach, agus an deireadh na bu lugha na 20 troigh bho thìr aig aon àm, bha am muir cho garbh 's nach d' fhuair ach glè bheag às beò gun chuideachadh.

B' e obair chianail a bh' ann na cuirp a thoirt bhon uisge timcheall air an long-bhriseadh, is mòran den luchd-teasairginn eòlach air feadhainn a chaidh a bhàthadh. Thug a' mhòr-thubaist buaidh air gach teaghlaich sa choimhairsnachd dhàimheil air an eilean seo, gu dìreach no gu neo-dhìreach.

Leis gun robh an call beatha cho mòr, agus gun robh na fir a thug seirbheis don dùthaich cho faisg air an dachaigh, thug a' mhòr-thubaist buaidh mhòr, mhòr air an Eilean. Cuide ris a' mhile eileanach a chaidh a mharbhadh sa Chogadh Mhòr, ghoid an call seo ginealach bho na h-Eileanan agus gu ìre b' e seo a bu choireach ris a' chrònadh ann an àireamh-sluaign nan Eilean eadar an Dà Chogadh Mhòr.

*'Do cheuman tha san doimhneachd mhòir,
do shlighe tha sa chuan:
Ach luirg do chas chan aithnich sinn,
tha siud am falach uainn.'*

Salm 77: 19



www.storlann.co.uk/iolaire